

Gàidheal òg a' dearbhadh an tàlantan mar aithne air là-breith Shomhairle

Tha bàird òga Ghàidhlig bho air feedh Alba air a bhi a' cuir peann ri paipear 's a' sgrìobhadh pìosan bàrdachd ùr ann am farpais a tha ag amas air comharrachadh ceud bliadhna bho rugadh am bàrd ainmeil Somhairle Mac'Illeathainn.

Chaidh am farpais a' chur air bhonn le Urras Shomhairle, ann an compàirt ri Comunn na Gàidhlig, agus bha i fosgailte do chlann-sgoile ann an àrd-sgoiltean air feedh Alba.

Thuirt Cathraiche Urras Shomhairle, an t-Urr Eairdsidh Mac'IlleDhuibh gun robh an àireamh de thagraidhean a fhuaireas na adhbhar toileachas mhòr, agus gun robh càileachd na sgrìobhaidhean a' togail misneachd mu seasmhachd an dualchas litearachais anns an robh Somhairle fhèin cho cudromach: "Fhuair sinn 70 tagradh bho air feedh Alba, bho Steòrnabhagh gu Dùn Eideann, agus bho Obar-Dheathain gu Glaschu.

"Mar tha fhios againn ged tha, chan urrainn dhan h-uile duine buannachd, agus às leth an Urrais bu mhath leam moladh a' dhèanamh air a h-uile neach òg a chaidh an sàs anns an fhpais, agus an luchd-teagaisg a chùm taic riutha. Tha na triùir bhritheamhan a bh'air am panal againn airidh air am moladh airson an deagh obair a rinn iad."

'Se am pìos bardachd a bhuannaich "Beul an Latha", a chaidh a sgrìobhadh le Owen Sutcliffe bho Àrd-Sgoil Uallas ann an Sruighlea; chaidh an darna àite gu Mikaela Nic'Illemhìcheil, bho Sgoil an Naomh Dheòrsa airson Clann-Nighinn ann an Dùn Eideann airson "Colabhasaidh agus Pamplona"; agus chaidh an treas duais dha Dòmhnull Iain Dòmhnullach a Sgoil Lionacleit ann am Beinn a' Bhaoghla airson "Òran na Gaoithe". 'S iad na duaisean eàrlais airson £100, £80 agus £60.

Thagh na britheamhan trì dhàin eile a bha iad a meas àiridh air cliù. B'iad sin "Orainsearan" le Catriona Nic'Illemhoire, bho Acadamaidh Allt a' Mhuillin an Inbhir Nis; "Airgead" le Robbie MacLeod bho Àrd Sgoil Seumas Ghilleasbuig an Dùn Eideann; agus "An teine chaidh às" le Mabel Nic'Illeinn bho Sgoil Mhic Neacail ann an Steòrnabhagh.

Thuirt Cathraiche nam britheamhan, an sgrìobhaiche is bàrd Maoilios Caimbeul: "Mar bhritheamhan, bha sinn glè thoilichte gun robh àireamh cho mòr de dhàin ann bho dhiofar aoisean airson na co-fhpais. Nuair a fhuair gach neach fa leth againn na dàin, cha robh sòn a dh'fhios againn cò a sgrìobh iad no cò às a bha iad. Cha robh againn ach àireamhan mu ar coinneamh. Thagh gach britheamh a roghainn fhèin mus do choinnich sinn mar thrìuir.

"Thug dà rud toileachas mòr dhuinn: gun robh sinn uile air na h-aon trì dàin a thaghadh air an liosta ghoirid de chòig againn, gun fhios a bhith againn air roghainn chàich. 'S e an triùir seo a fhuair na trì duaisean. Agus cuideachd gun robh an fheadhainn a bhuannaich bho dhiofar cheàrnaidhean de dh'Alba.

"Bha mòran de dh'obair mhath ann à iomadh sgoil agus tha obair na feedhna a bhuannaich gu math gealltanach agus tha sinn an dòchas gun cum iadsan, agus an fheadhainn nach do bhuannaich an turas seo, orra a' sgrìobhadh deagh bhàrdachd." B'iad na britheamhan eile an òraidiche is bàrd Meg Bateman, agus Mairi Kidd, a bha uaireigin na Stìuriche air Stòrlann.

Gheibh gach bàrd òg a rinn tagradh anns am farpais leth-bhreac de dh'iris Crìsdean Whyte de 'Dàin do Èimhir' – aon de na cruinneachaidhean as cliùiteach aig Somhairle Mhic'Illeathainn.

Theid iad seo an sgaoileadh dha na sgoiltean a dh'aithghearr. Tha Urras Shomhairle gu math taingeil dhan chlò-bhualadair Bìrlinn airson mar dh'iarr iad prìs nas ìsle nan àbhaist air na leabhraichean seo.

Tha e san amharc a nis gun teid na trì pìosan bàrdachd a bhuanach, còmhla ri na trì eile a shaoil na britheamhan a bha àiridh air cliù, an clo-bhualadh a dh'aithghearr anns an iris litearachais '*Northwords Now*' . Cuideachd theid iad an cuir suas air duilleag naidheachdan de làrach-lìnn Urras Shomhairle fhèin (www.sorleymaclean.org). A bharrachd air seo tha BBC Radio nan Gàidheal am beachd taghadh de na pìosan bàrdachd a chleachdadh mar phàirt de seachdain sònraichte de phrògraman nas fhaide air bhliadhna gus là-breith Shomhairle Mhic' Illeathainn a chomharrachadh.